



Seirbheis Smàlaidh agus Teasairginn na h-
Alba

Dreachd Phlana Gàidhlig 2022- 2025

Aithisg Anailis air Co-chomhairle Phoblach

Dàmhair 2022

CLÀR-INNSE

Tar-shealladh	Duilleag 3
Ro-ràdh	Duilleag 3
Dòigh-obrach	Duilleag 4
Cur na co-chomhairle air adhart	Duilleag 4
Luchd-ùidh	Duilleag 5
Tar-shealladh air freagairtean	Duilleag 5
Ceistean agus anailis air freagairtean	Duilleag 5 - 7
Cuspairean	Duilleag 8 - 12
Buaidh air a' Phlana	Duilleag 12

1 TAR-SHEALLADH

Tha an aithisg seo a' beachdachadh air toraidhean co-chomhairle poblaich air an dàrna eagraan de Phlana Gàidhlig Seirbheis Smàlaidh is Teasairginn na h-Alba (SFRS).

Tha riatanas reachdail air an t-Seirbheis fo Achd na Gàidhlig (Alba) (2005) gum bi Plana Gàidhlig aca. Mus deach am Plana deireannach ullachadh, chaidh eacarsaich co-chomhairle sia-seachdainean a dhèanamh mar fhiosrachadh don phròiseas deasachaidh.

Tha an aithisg a' mìneachadh dòigh-obrach na co-chomhairle agus an conaltraidh a rinneadh. Tha ceistean na suirbhidh air an sealltainn le dàta uimhireil nan cois agus geàrr-chunntas de chuspairean a thàinig am bàrr.

Chaidh na cuspairean sin a sgrùdadh gus geàrr-chunntas de fhreagairtean a thoirt seachad le aithris na chois.

Uile gu lèir, bha freagairtean a' dol an aghaidh nam molaidhean airson adhartachadh na Gàidhlig ann an SFRS, le mu dhà thrian den luchd-fhreagairt a' nochdadh eas-aonta. Ach, bha cuid eile aig nach robh beachd làidir no a bha a' faireachdainn nach robh a' Ghàidhlig a' faighinn na h-aithne no am follais air an robh i airidh. Cha robh ach àireamh bheag den luchd-fhreagairt a chuir taic ri tuilleadh leasachadh agus adhartas na Gàidhlig taobh a-staigh SFRS.

Thathas air a bhith faiceallach gus dèanamh cinnteach nach tèid beachdachadh san anailis seo ach air freagairtean a tha co-cheangailte ri molaidhean sa Phlana. Tha beachdan nas fharsainge mu luach na Gàidhlig air am fàgail a-mach, cho fad 's a ghabhas dèanamh. Ach, bu chòir a thoirt fa-near, far a bheil beachdan gu sònraichte làidir air an cur an cèill co-cheangailte ri moladh sa Phlana, gun deach beachdachadh orra agus aithris an seo.

Tha an aithisg a' crìochnachadh le tar-shealladh air fios air ais, a' beachdachadh air freagairt na Seirbheis do chùisean a chaidh a thogail agus a' bhuidhneachadh air a' Phlana deireannach.

2 RO-RÀDH

Chaidh co-chomhairle phoblach air dreachd Phlana Gàidhlig SFRS 2022-2025 a chur air bhog air 17 Faoilleach 2022 agus dhùin e air 27 Gearran 2022.

Chaidh cuireadh a thoirt do luchd-obrach, luchd-ùidh agus coimhearsnachdan air feadh na h-Alba am beachdan a thoirt seachad air mar a bu chòir am Plana Gàidhlig deireannach a leasachadh agus a chur an gnìomh.

Ionnan ri buidhnean eile san roinn poblaich ann an Alba, tha SFRS a' toirt taic do amasan Bhòrd na Gàidhlig le bhith a' leudachadh ruigsinneachd agus a' brosnachadh na Gàidhlig tarsainn na Seirbheis. Tha Bòrd na Gàidhlig a' cur cuideam air dealas leantainneach agus adhartas bliadhnail, agus mar sin chomharraich dreachd Phlana 2022-2025 na gnìomhan a chaidh a ghabhail os làimh rè beatha Plana 2018-2021. Chaidh molaidhean air mar a ghabhadh na gnìomhan sin a mheudachadh thar trì bliadhna a tha romhainn a thoirt a-steach cuideachd.

B' e adhbhar na co-chomhairle seo faighinn a-mach dè an ìre a dh'aontaich luchd-freagairt ris na roghainnean a chaidh a mholadh airson a' Ghàidhlig fhighhe a-steach do chleachdaidhean agus obair SFRS.

3. DÒIGH-OBACH

Chaidh an eacarsaich luchd-ùidh a dhealbh gus freagairtean uimhireil is càileachdail a tharraing a-mach a thaobh an dreachd Phlana.

Chaidh suirbhidh air-loidhne, ann am Beurla agus Gàidhlig, fhoillseachadh an cois an dreachd Phlana Ghàidhlig agus chaidh fios a sgaoileadh air na meadhanan sòisealta gus innse don phoball agus luchd-ùidh gu robh a' cho-chomhairle ga chur air bhog. Chaidh am Plana agus fios anns na meadhanan sòisealta a sgaoileadh anns an dà chànan.

Chaidh an t-suirbhidh a chumail air hub air-loidhne Citizen Space aig SFRS gus dèanamh cinnteach gum biodh e ruigsinneach agus furasta a chleachdadh. Bha lethbhreacan pàipeir den cho-chomhairle rim faotainn ann am Beurla no Gàidhlig nam bithte gan iarraidh. Dh'fhaodadh am poball cuideachd freagairtean sgrìobhte, ceistean no beachdan co-cheangailte ris a' cho-chomhairle a chur a-steach.

Bha 12 ceist anns an t-suirbhidh co-chomhairle air an dealbhadh gus dàta a thional mu iomadachd an luchd-freagairt agus mun Phlana fhèin. Bha a h-uile ceist roghainneil.

Dh'fhaighnich na ceistean pròifil ainm luchd-freagairt, post-d agus pàirt den chòd-puist aca. Ma bha neach a' lionadh na suirbhidh às leth buidhne chaidh iarraidh orra a' bhuidheann ainmeachadh. Dh'iarr an t-suirbhidh air luchd-obrach SFRS an aithneachadh fhèin agus taghadh bho chlàr-teàrnach càite an robh iad stèidhichte. Dh'fhaodte am fiosrachadh seo a chleachdadh, nam bithte ga iarraidh, gus beachdan luchd-obrach òrdachadh a rèir raon Lìbhrigeadh Seirbheis.

Bhathas a' freagairt cheistean mu amasan is cinn-uidhe a' Phlana le strìochag ann am bogsa le àite nan lùib ann airson teacsa a sgrìobhadh nam biodh feum air. Dh'iarr ceistean 4 agus 5 beachdan air suidheachaidhean sònraichte agus thagh an neach-freagairt an roghainn a b' fheàrr a bha a' riochdachadh am beachd. Dh'iarr a' cheist mu dheireadh fios air ais san fharsaingeachd mu bhith a' cumadh dòigh-obrach a thaobh obair tro mheadhan na Gàidhlig.

Chaidh anailis a dhèanamh air gach ceist ma seach a' cleachdadh prìomh fhaclan no abairtean gus cuspairean cumanta a chomharrachadh. B' e dòigh-obrach chuspaireil, càileachdail a bha seo gus na cuspairean cumanta a chomharrachadh.

4 CUR NA CO-CHOMHAIRLE AIR ADHART

Gus taic a thoirt don eacarsaich co-chomhairle, chaidh duilleag-lìn shònraichte agus Ceistean Cumanta a chruthachadh. Thug seòladh puist-d co-chomhairle sònraichte cothrom do dhaoine ceistean a chur a-steach no fios air ais a thoirt seachad.

Am measg conaltradh eile bha bhidio leis an Stiùiriche Dhaoine is Leasachadh Buidhne aig àm cur air bhog na co-chomhairle le fo-thiotalan Gàidhlig, foillseachadh gu na meadhanan, a' gabhail a-steach tionndadh Gàidhlig agus agallamh le BBC Alba. Chuir puist mheadhanan sòisealta dà-chànanach taic ris a' cho-chomhairle aig àm cur air bhog, letheach troimhe agus mar a thàinig e gu crìch.

Chaidh a' cho-chomhairle a chur air adhart gu luchd-obrach tron eadra-lìon agus cuairt-litir sheachdaineil an luchd-obrach.

5. LUCHD-ÙIDH

Mar ullachadh airson na co-chomhairle chaidh eacarsaich mapaidh a ghabhail os làimh gus prìomh luchd-ùidh ath-sgrùdadh agus a chomharrachadh. Chaidh plana co-chomhairle a leasachadh gus dèanamh cinnteach gun robh am pròiseas co-chomhairle air a sgaoileadh gu farsaing.

Chaidh fiosrachadh mun cho-chomhairle, a' brosnachadh dhaoine gus pàirt a ghabhail ann, a chur air post-d gu 509 neach-ùidh anns na roinnean a leanas: Àrd-mhanaidsearan Ionadail SFRS, com-pàirtichean èiginn is ioma-bhuidhneach, buidhnean riochdachaidh, ùghdarrasan ionadail, comhairlean coimhearsnachd, BPA, com-pàirteachasan slàinte is cùram sòisealta, bùird NHS, an treas roinn, buidhnean carthannais agus luchd-aithne Bhòrd na Gàidhlig.

Chaidh am post, san robh ceangal ris an dreachd Phlana Ghàidhlig agus suirbhidh air-loidhne, a chur gu 409 seòladh (93.1%). Bha 138 fosglaidhean sònraichte ann agus 1,267 fosgladh gu h-iomlan, sin, an fheadhainn a dh'fhosgail an conaltradh barrachd air aon uair. Rinn 16.7% cliog chun na suirbhidh leis an àireamh iomlan de chliogan, a' toirt a-steach luchd-tilleadh na suirbhidh, aig 54.

6 TAR-SHEALLADH AIR FREAGAIRTEAN

- Fhuair an eacarsaich co-chomhairle phoblach 190 freagairt gu h-iomlan tron t-suirbhidh air-loidhne.
- Cha do fhreagair a h-uile neach-freagairt a h-uile ceist.
- Fhuaras freagairtean bho 45 de luchd-obrach SFRS a tha co-ionann ri 24% den iomlan.
- Cha d' fhuaras freagairtean sgrìobhte sam bith
- Uile gu lèir bha 188 freagairt ann don dreachd Bheurla den cho-chomhairle agus fhuaras 2 fhreagairt sa Ghàidhlig.

7 CEISTEAN AGUS ANAILIS AIR FREAGRAIRTEAN

Ann a bhith a' taisbeanadh na h-anailis, chaidh a h-uile aithnichear pearsanta buntainneach a thoirt air falbh bho na toraidhean gu h-ìosal. Chaidh sia ceistean deamografach a chur air luchd-freagairt.

Ceist 1-6

C1 Thug a h-uile duine, seach ochdnar, seachad an ainm; ge-tà, bha 25 de na 182 sin nach tug ach a' chiad ainm a-mhàin.

C2 Thuirt còignear gun robh iad a' freagairt às leth buidhne seach às an leth fhèin. B' iad na buidhnean seo:

- Comhairle Baile Ghlaschu
- Comhairle Dhùn Phris is Ghall-Ghàidhealaibh
- LGBT Dhùn Phris is Ghall-Ghàidhealaibh
- Dumfries Property Rentals
- Taigh-òsta Cross Keys, Kelso

C3 Thug 141 neach (74%) seòladh puist-d seachad.

C4 Thug 124 neach (65%) pàirt de chòd-puist no còd-puist slàn seachad.

C5 Chomharraich 45 neach (24%) iad fhèin mar luchd-obrach SFRS.

C6 B' iad na h-àiteachan-obrach a chaidh ainmeachadh:

Raon Libhrigeadh Seirbheis (SDA)	Luchd-obrach
Baile Obar Dheathain, Siorrachd Obar Dheathain agus Moireibh	4
Baile Dhùn Èideann	2
Baile Ghlaschu	7
Dùn Phris Is Gall-Ghàidhealaibh	3
Dùn Dè, Aonghas, Peairt agus Ceann Rois	4
Rinn Friù an Ear, Siorrachd Rinn Friù agus Inbhir Chluaidh	4
An Eaglais Bhreac agus Lodainn an Iar	3
A' Ghàidhealtachd	3
Siorrachd Lannraig	5
Meadhan Lodainn agus Lodainn an Ear agus Crìochan na h-Alba	3
Sruighlea, Siorrachd Chlach Mhanann agus Fìobha	6
Na h-Eileanan an Iar, Arcaibh agus Sealtainn	1
Iomlan	45

Ceist 7: A bheil sinn air na h-Amasan Àrd Ìre ceart a thaghadh nar Plana Ghàidhlig?

Freagairtean: 184

THA 64 (35%) CHAN EIL 120 (65%)

Cuspairean

- Cha bu chòir Gàidhlig a bhith na prìomhachas airson SFRS
- Chan eil mòran buntainneis aig a' Ghàidhlig ri SFRS
- Dh'fhaodadh stòrasan (ùine luchd-obrach, oidhirp, agus airgead poblach) a bhith air an cleachdadh nas fheàrr ann an àiteachan eile san t-Seirbheis
- Bu chòir dèiligeadh ris a' Ghàidhlig mar mhion-chànan/cànan roinneil
- Tha na molaidhean mar thoiseach tòiseachaidh iomchaidh ach dh'fhaodte barrachd a dhèanamh

Ceist 8: A bheil sinn air na h-Amasan Seirbheis Corporra ceart a thaghadh nar Plana Ghàidhlig?

Freagairtean: 182

THA 60 (33%) CHAN EIL 122 (67%)

Cuspairean

- Chan eil na molaidhean sa Phlana a' riochdachadh deagh chleachdadh de dh'airgead poblach
- Cha bu chòir Gàidhlig a bhith na prìomhachas airson SFRS
- Tha raointean eile nas cudromaiche
- 'S e mion-chànan a th' anns a' Ghàidhlig

Ceist 9: A bheil thu a' smaoinichadh gun coilean na gnìomhan a tha air am mìneachadh nar Plana Ghàidhlig ar n-amasan?

Freagairtean: 186

THA 71 (38%) CHAN EIL 115 (62%)

Ceist 10: Inns do bheachdan air na raointean a leanas – cuir strìochag sa bhogsa as fheàrr a tha a' riochdachadh do bheachd.

	Roghainn A – Anns gach ceàrnaidh de dh'Alba	Roghainn B - Anns na sgìrean sin de dh'Alba far a bheil a' Ghàidhlig air a cleachdadh leis an t-sluagh ionadail mar phàirt dhem beatha làitheil (m.e. far a bheil 10 - 20% den t-sluagh a' cleachdadh na Gàidhlig)
Am bu chòir soidhnichean a bhith ann an Gàidhlig agus Beurla aig togalaichean SFRS?		
Am bu chòir branndadh Gàidhlig agus Beurla a bhith air carbadan SFRS?		
Am bu chòir branndadh Gàidhlig agus Beurla a bhith air èideadh SFRS?		

Freagairtean: 185

	Roghainn A	Roghainn B
Soidhnichean thoglaichean	51 (28%)	133 (72%)
Branndadh charbadan	0 (0%)	53 (29%)
Branndadh èideadh	56 (30%)	12 (6%)

Ceist 11: Anns an ath Phlana Ghàidhlig againn, càite am bu chòir dhuinn cuimseachadh? - cuir strìochag sa bhogsa as fheàrr a tha a' riochdachadh do bheachd.

Roghainn A – Anns gach ceàrnaidh de dh'Alba	Roghainn B - Anns na sgìrean sin de dh'Alba far a bheil a' Ghàidhlig air a cleachdadh leis an t-sluagh ionadail mar phàirt dhem beatha làitheil (m.e. far a bheil 10 - 20% den t-sluagh a' cleachdadh na Gàidhlig)
---	--

Freagairtean: 185

Roghainn A	Roghainn B
50 (54%)	135 (73%)

Ceist 12: A bheil beachdan sam bith eile agad air ar dreachd Phlana Ghàidhlig 2022 – 2025?

Freagairtean: 172

Prìomh Chuspairean:

- **Cosgais** agus an ùine, oidhirp agus stòras co-cheangailte

- **Buntainneas** do SFRS, Alba agus a' chomann-shòisealta san fharsaingeachd

8 CUSPAIREAN

Cha robh luchd-freagairt a thug seachad beachdan a bharrachd a' cuimseachadh air susbaint a' Phlana Ghàidhlig a-mhàin. Chaidh beachdan a nochdadh san fharsaingeachd mu chleachdadh na Gàidhlig, a h-inbhe agus a h-àite ann an Alba. Tha na puingeann seo stèidhichte air faireachdainnean pearsanta. Anns na cùisean sin, bhathas faiceallach dèanamh cinnteach nach nochdadh an anailis seo ach na puingeann – ge bith dè cho làidir – *a bhuineas ri molaidhean a' Phlana*.

Ceist 7 agus 8

Bha mòran sa chumantas anns na beachdan a chaidh a nochdadh mu na h-amasan àrd-ìre agus na h-amasan corporra.

Den fheadhainn a chuir an cèill beachd àicheil (C7: 65% agus C8: 68%) bha faireachdainn làidir ann nach robh feum air Plana Ghàidhlig airson SFRS agus nach e deagh fheum a bh' ann de dh'airgead poblach.

“Carson a tha uiread ùine, oidhirp agus airgead ga chosg air seo, an àite a bhith ag amas air fìor phrìomhachasan?”

“Saoilidh mise gu bheil am beachd airgead is ùine a chaitheamh air seo a' fàilligeadh nan seirbheisean poblach”

Cha bu chòir Gàidhlig a bhith na prìomhachas airson SFRS

“... caith bhur n-ùine, oidhirpean agus airgead air na rudan a bu chòir do sheirbheis smàlaidh a bhith a' dèanamh, a' sabaid agus a' casg theintean agus a' sàbhaladh beatha”

Cheasnaich luchd-freagairt carson a bhathas a' feuchainn ri cànan a bhrosnachadh nach eil ga bruidhinn ach le nas lugha na 2% den t-sluagh. Chaidh a ràdh, ged a bha Gàidhlig air a bruidhinn gu traidiseanta ann an cuid de sgìrean, nach e cànan nàiseanta a bh' innte, agus mar sin nach robh i buntainneach san dùthaich air fad.

“Cha bhi an cànan seo gu bràth ach na cànan samhachail a bhruidhneas dòrlach dhaoine”

“Is e mion-chànan a tha seo nach fheumar a thoirt a-steach aig ìre nàiseanta”

“...chan e cànan seasmhach a th' innte – cha robh a' Ghàidhlig air a bruidhinn le còrr is 20% den t-sluagh a-riamh ann an eachdraidh na h-Alba.

“Chan eil adhbhar sam bith airgead no ùine luchd-smàlaidh a chaitheamh air seo nuair a tha Beurla aig a h-uile duine aig a bheil Gàidhlig mar-thà”

Ach, bha beag-chuid dealasach mu na molaidhean ag ràdh gu robh am Plana Gàidhlig ‘ion-mholta’ ‘cumhachdach’ agus ‘mìorbhaileach’. Dh’iarr an luchd-fhreagairt seo gum biodh a’ Ghàidhlig na b’ fhollaisiche agus mhol iad gum faodadh SFRS a dhol nas fhaide ann an cleachdadh a’ chànain.

“Tha an t-amas àrd-ìre a thaobh an cànan a bhrosnachadh air leth cumhachdach”

“Aig ìre àrd... ionmholta agus comasach a choileanadh ach is dòcha dìreach mar thoiseach tòiseachaidh”

“Plana reusanta feumach air neartachadh mar a chaidh a mhìneachadh agus a sgrùdadh gu cunbhalach gus dèanamh cinnteach gun tèid a chur an sàs gu h-èifeachdach.”

“Tha sàbhaladh ar cànan dhùthchasaich na dhleastanas air a h-uile duine. Chan urrainn dha ach a bhith math gu bheil i air a cleachdadh leis na seirbheisean èiginn luachmhor agus measail againn.”

Ceist 9

Nuair a chaidh faighneachd an coileanadh am Plana Gàidhlig amasan na buidhne, thug 63% den fheadhainn a fhreagair seachad beachd àicheil.

Chaidh freagairtean a thugadh do cheistean 7 agus 8 a thoirt seachad a-rithist an seo:

“Chan eil an seo ach call airgid agus ghoireasan”

“Carson a bu chòir Gàidhlig ‘a bhith air a cleachdadh nas trice’? Chan eil e a’ dèanamh mòran cèill oir tha cho beag de dhaoine ga bruidhinn.”

Thuir aon neach-freagairt **“nach fheumar a’ Ghàidhlig airson teintean a chur a-mach”** ach bha cuideigin eile den bheachd gum

[bhiodh am Plana] **“a’ cuideachadh le bhith a’ leudachadh eòlas agus tuigse air a’ Ghàidhlig air feadh na h-Alba”**

Tha sealladh nas cothromaiche air a nochdadh leis a’ bheachd:

“Chan urrainn dha seo a bhith na phrìomhachas thairis air na prìomh amasan seirbheis, ach tha e na amas reusanta dàrna ìre”

Thuir neach-freagairt eile; **“Cha choilean na gnìomhan sa Phlana na h-amasan mura bi am plana ga choileanadh gu nàiseanta le faicsinneachd nàiseanta”**

Ceist 10

Chuir mòran luchd-freagairt an aghaidh branndadh dà-chànanach.

“Bidh cosgais anabarrach air ath-bhrannadh ...”

“A bheil e dha-rìribh riatanach a h-uile togalach, carbad agus èideadh a chomharrachadh anns an dà chànan? Is cinnteach gu bheil stèiseanan smàlaidh agus carbadan smàlaidh aithnichte co-dhiù?”

“bu chòir dhuibh a bhith a’ feuchainn ri airgead a shàbhaladh chan e eacarsaich gun fheum air cànan a chur air soidhnichean nach eil a’ mhòr-chuid de dh’Alba a’ bruidhinn agus nach bi gu bràth”

Bha mòr-chuid shusbainteach (72%) den bheachd nach robh soidhnichean air togalaichean iomchaidh ach ann an ceàrnaidhean de dh’Alba far a bheil a’ Ghàidhlig air a cleachdadh mar chànan làitheil.

“Tha mi a’ faireachdainn nach eil feum air soidhnichean a chur air a h-uile inneal agus togalach seirbheis ann an sgìrean far nach eil Gàidhlig ga bruidhinn”

“Cha bu chòir Gàidhlig a chleachdadh air togalach sam bith ann an Alba mura h-eil i air a maoinachadh gu prìobhaideach leis an luchd-seilbh”

Ach, shaoil beag-chuid:

“Tha aithne air a’ chànan seo cudromach air feadh sfrs na h-Alba. Bu chòir seo a bhith fìor fhollaiseach air soidhnichean air a h-uile inneal agus stèisean”

Cha robh neach-freagairt sam bith den bheachd gum bu chòir branndadh dà-chànanach a chur air carbadan air feadh na dùthcha.

“Chan eil mi a’ smaoinachadh gu bheil seo dha-rìribh cho cudromach, gu dearbh, bidh Gàidhlig air soidhnichean/carbadan dìreach a’ cur dhaoine troimh-a-chèile”

“Is e fìor call airgid gun chiall a th’ ann a bhith ag ath-bhranndadh charbadan [agus èideadh] ann an cànan air nach eil eòlas aig 90% den dùthaich.”

Ach bha 29% den luchd-fhreagairt den bheachd gu robh seo iomchaidh ann an sgìrean far a bheil Gàidhlig ga bruidhinn.

Bha barrachd taic ann airson branndadh dùbailte air èideadh, le 30% den bheachd gu robh e freagarrach a thoirt a-steach air feadh na dùthcha.

Ceist 11

Dh’fhaighnich a’ cheist seo am bu chòir am Plana Ghàidhlig cuimseachadh air a h-uile roinn de dh’Alba no dìreach far an robh a’ Ghàidhlig ga bruidhinn gu cumanta. Bha sgaradh soilleir an seo le dìreach 27% den luchd-fhreagairt den bheachd gum bu chòir dha a bhith nàiseanta, leis a’ chòrr ag ràdh nach bu chòir oidhirp a bhith ach ann an raointean far a bheil a’ Ghàidhlig na pàirt den bheatha làitheil.

“Nam bheachd-sa cha bu chòir am plana Ghàidhlig a chleachdadh ach ann an sgìrean far a bheil slugh na sgìre ga chleachdadh mar phàirt dhem beatha làitheil.”

“Tha mi a’ faireachdainn nach biodh buaidh sam bith aige air raointean far nach eileas ga cleachdadh agus a dh’fhaodadh a bhith air fhaicinn mar chall airgead luchd-pàighidh chisean. ”

“Bu chòir fèin-riaghladh a bhith aig sgìrean far a bheil a’ Ghàidhlig cumanta gus cleachdadh na Gàidhlig a stiùireadh”

Ceist 12

Anns an earrainn mu dheireadh ‘Beachdan sam bith eile’ den t-suirbhidh, thug còrr air 90% (172 neach) tuilleadh beachdan seachad. Ghabh luchd-freagairt an cothrom an taic a thoirt a-rithist no cur an aghaidh leasachadh agus buileachadh a’ Phlana Ghàidhlig. Dh’ath-aithris no leudaich àireamh mhòr air na puingean a rinn iad na bu thràithe agus mar sin cha do nochd ach glè bheag de shusbaint ùr.

Cosgais

B’ e cosgais don SFRS prìomh chuspair dragh. Chaidh faireachdainnean làidir a chur an cèill agus chaidh mòran luaidh a thoirt air goireasan cuibhrichte agus dòighean nas brioghmhoire agus nas practaigich air airgead a chosg. B’ iad na cùisean a shaoil daoine bu chudromaich; seann thogalaichean, carbadan, uidheamachd, pàigheadh agus trèanadh luchd-smàlaidh. Bhathar ag aithneachadh na dùbhlain a bharrachd co-cheangailte ri ath-bheothachadh bho Chovid agus gearraidhean buidseit.

“Bu chòir seo a bhith aig bonn na liosta phrìomhachasan, tha sinn a’ faighinn seachad air galar lèir-sgaoilte.”

“Tha e na chall stòras luachmhor agus gu tur gun fheum”

“Cumaibh ri prìomh ghnìomhachas Smàlaidh is Teasairginn, gun a bhith a’ leudachadh cànan nach cur ri obair na Seirbheis Smàlaidh”

Bha beachd àicheil coitcheann mu na molaidhean sa Phlana co-cheangailte ri cosgais air na cìsean agus cleachdadh airgead poblach. Thuirt aon neach-freagairt gun robh cosgais a leithid de mholadh fada nas àirde na an luach sòisealta a bha ri fhaighinn.

Thuirt neach eile:

“Chan eil mi a’ faireachdainn gum biodh buaidh sam bith aige air raointean far nach eileas ga cleachdadh agus dh’fhaodadh e a bhith air fhaicinn mar chall airgead nan cìsean.”

Buntainneas

B’ e buntainneas na Gàidhlig do SFRS cuspair a bha ro-chudromach. Thog a’ chuspair seo measgachadh de beachdan làidir, bho mhiann barrachd fòcais a chur air a’ chànan;

“Ma tha dualchas smàlaidh cudromach, tha cànan traidiseanta na h-Alba cudromach cuideachd”

...nach eil i ga bruidhinn gu farsaing,

“Nam bheachd-sa cha bu chòir am plana Gàidhlig a chleachdadh ach ann an sgìrean far a bheil sluagh na sgìre ga chleachdadh mar phàirt de beatha làitheil.”

...gu bhith a’ guidhe gun cuimsicheadh SFRS air a phrìomh ghnìomhachd;

“Tha sinn airson gum bi an t-seirbheis smàlaidh a’ sabaid theintean, chan e a’ caitheamh ùine agus airgead a’ tabhann trèanadh ann an cànan marbh”.

Chomharraich beag-chuid gu làidir gur i a’ Ghàidhlig ar cànan dùthchasach agus gu robh e cudromach an dualchas sin aithneachadh agus a chumail suas le gnìomhan gus taic a thoirt do ar cultar sònraichte Albannach.

“Bu chòir don t-Seirbheis faicinn gur e cothrom a tha seo ath-bheachdachadh mòr a dhèanamh air na geallaidhean aca don Ghàidhlig agus a bhith adhartach agus for-ghnìomhach ann a bhith a’ cruthachadh àrainneachd far am bi a’ Ghàidhlig soirbheachail.”

Ach, bha a’ mhòr-chuid den luchd-fhreagairt a’ beachdachadh nach robh feum air Plana Gàidhlig.

“Gu cinnteach tha an obair luachmhor a nì sibh nas cudromaich na cànan sam bith. Ma tha feum air beatha a shàbhaladh, feumar a shàbhaladh ge bith dè an cànan as fheàrr le daoine a bhith a’ bruidhinn.”

“Tha Alba air dèanamh glè mhath às aonais na h-ìre seo de dh’adhartachadh cànan, fad bhliadhnaichean”

Thuir àireamh bheag den luchd-fhreagairt gum bu chòir spèis cho-ionann a bhith ann don Ghàidhlig, agus gum bu chòir Gàidhlig air a labhairt agus air a sgrìobhadh a bhith ‘àbhaisteach’, air a dèanamh nas fhaicsinniche, agus air a sgaoileadh a-mach air feadh na h-Alba.

“Cuidichidh am Plana seo com-pàirteachadh le luchd-obrach agus a’ choimhearsnachd san fharsaingeachd agus brosnachidh e ùidh sa chànan. Le taic bhon àrd-luchd-stiùiridh, a’ brosnachadh luchd-obrach gu gnìomhach gus Gàidhlig a chleachdadh, ionnsachadh agus adhartachadh nam beatha làitheil, cuidichidh SFRS le bhith ag àbhaisteachadh na Gàidhlig ann an Alba agus a’ libhrigeadh seasmhachd airson cànan is cultar na Gàidhlig san àm ri teachd.”

“S e cànan nàiseanta a th’ anns a’ Ghàidhlig agus tha e deatamach gum bi am plana follaiseach aig ìre nàiseanta.

Bha taic ann airson tasgadh ann an cùrsaichean Gàidhlig agus gnìomhan leithid a bhith a’ toirt a-steach brataichean puist-d dà-chànanach agus a bhith ag ainmeachadh sgilean Gàidhlig mar ‘feumail’ ann an sanasan-obrach. Bha an luchd-freagairt seo dòchasach gum biodh am

Plana Gàidhlig na chothrom do SFRS ath-bheachdachadh air a dhealas don Ghàidhlig agus barrachd a dhèanamh.

“Is dòcha gun coimhead sibh ris an raon de mhodalan Gàidhlig a tha rim faotainn don luchd-obrach a mheudachadh/leudachadh agus loidhne-tìm a chur air seo”

“Bhiodh e math cothrom a bhith againn cùrsa Gàidhlig a dhèanamh oir thathas air dèiligeadh ri buill den phoball aig a bheil Beurla agus Gàidhlig.”

“Nuair a bhios sibh a’ tabhann barrachd trèanaidh don luchd-obrach agaibh, ma ghabhas e dèanamh dh’fhaodadh sibh a thairgse do choimhearsnachdan nas fharsainge far nach eil cothrom sam bith eile air a’ Ghàidhlig.”

9 BUAIDH A' PHLANA

Chaidh na freagairtean uile a leughadh agus chaidh beachdachadh orra. Sa mhòr-chuid, bha beachdan a' bruidhinn air cleachdadh agus brosnachadh na Gàidhlig san fharsaingeachd seach Plana SFRS. Ach, mar a chaidh a ràdh gu h-àrd, bhathas faiceallach san anailis seo gun a bhith a' beachdachadh ach air smuaintean – an dà chuid taiceil agus àicheil – a bhuineas gu dìreach ris na molaidhean sa Phlana.

Tha a' Ghàidhlig na chuspair a tha a' brosnachadh fhaireachdainnean anabarrach làidir an dà chuid taiceil agus na h-aghaidh agus bha seo follaiseach bho na beachdan a fhuaras. Ach, mar a thig am Plana air adhart tha e coltach gum bi gearanan làidir ann bho gach taobh.

Tha na toraidhean seo a' nochdadh gu bheil a' mhòr-chuid den luchd-fhreagairt den bheachd nach eil Plana Gàidhlig iomchaidh agus na phrìomhachas airson SFRS. Ach, tha luchd-taic dealasach na Gàidhlig gu mòr airson an t-Seirbheis fhaicinn a' dèanamh tòrr a bharrachd gus cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh.

Tha dleastanas reachdail air SFRS Plana Gàidhlig a bhith aca. Is e an dùbhlán seo a choileanadh ann an dòigh pragmatach a tha a' toirt spèis do luchd-labhairt na Gàidhlig ach a tha ga dhèanamh ann an àrainneachd far a bheil grunn phrìomhachasan cudromach agus stòrasan cuibhrichte.